

Cumha Hiortach



'Sann air tràigh Ei - lean Shòth - aidh dh'fhàg mi m'ò - ga - nach



gleus - ta ur - ra dhèa-nadh mo thac - ar 's toirt dha-chaidh na spréidh-e



Fàth mo dheu - chainn 's mo leò - naidh mo chreach bhròin 's mo chreach



léi - ridh mo chridh adh-laict' an dò - las cha tog ceòl no cuing léigh e

'S ann air tràigh Eilean Shòthaidh,
Dh'fhàg mi m'òganach gleusta,
Urra dhèanadh mo thacar,
'S toirt dhachaidh na spréidhe.

Fonn:

*Fàth mo dheuchainn 's mo leònaidh,
Mo chreach bhròin 's mo chreach léiridh,
Mo chridh adhlaict' an dòlas,
Cha tog ceòl no cuing léigh e.*

Ged a thuit thu bhon chreig ud,
Cha b' e 'n t-eagal a leum thu,
'S ann a rinn do chas sraonadh,
'S cha do dh'fhaod thu riamh éirigh.

Dhòirteadh d' fhuil air a' chloich ud,
Bha do lot an déidh leumadh,
Bha thu 'muigh air bhàrr stuaidhe,
'S muir 'gad fhuasgladh bho chéile.

Thàinig thugam do mhàthair,
Gun i 'chàradh a bréid oirr',
'S ruith do phiuthar nuair 'chual' i,
Ach b' fhad' uainn far an d'eug thu.

Nuair a thàinig do bhràthair,
B' àrd a ràn 'ga do léirsinn,
'S gath 'nar cridhe 'ga shàthadh,
'Faicinn d' àmhghar an céin uainn.

'S e 'tha 'torradh mo thruaighe,
Mar 'thuit fuar-bhuille 'n éig ort,
Gun neach fagas, a ghaoil, ort,
'Bheireadh faochadh 'nad fheum dhut.

A sheachd beannachd nan càirdean,
'S a lòn làidir na feuma,
Tha mo chuid-sa den eunlaith,
Feadh na h-iarmailt ag eughach.

Tha mo chuid-sa dheth na h-uighean,
Aig a' bhuidhinn as treubhaich',
Chan eil dhomhs' ach 'bhith riaracht',
Le cruaidh dhioghlam na h-éiginn.

Eòin nan speur 's iasg nan cuantan,
Leam bu shuarach gu léir iad,
Nam biodh làimh rium mar 'b' àbhaist,
Pearsa ghràidh fir mo spéise.

Ach cha ghluais guth mo bhròin-sa,
Dhachaidh beò thu gu d' chéile,
'S ann air tràigh Eilean Shòthaidh,
'Dh'fhàg mi m'òganach gleusta.